

Òran na Samhna

Air Oidhche na Samhna bidh ann, bidh ann,
Buidsichean 's deamhna neo-ghann, neo-ghann,
Bidh sìthichean le aighir a' marcachd san adhar,
'S a' toirt leo' mnathan is clann, is clann.

Séist:

Seinn iùra-bhinn oho horò horò,
Nach cluinn sibh, a chaileagan, fanaibh aig baile,
Mum bi sibh 'nar fanaid 's 'nar spòrs, 'nar spòrs,
Seinn iùra-bhinn oho horò horò.

Bidh móran de dhaoine fo sprochd, fo sprochd,
'S a' chlànn bidh a' caoineadh gu goirt, gu goirt,
Bidh mnathan a' glaoideadh 's cha bhí iad gun adhbhar,
'S na sìthichean 'gan slaodadh don chnoc, don chnoc.

Ged 'bhios logaidean 's bodaich air falbh, air falbh,
Tha 'n oidhche sin sona gu dearbh, gu dearbh,
Ghabh fleasgaichean 's caileagan brath air an leannain,
Le fàisneachd gun mhearachd gun chearb, gun chearb.

Ó tha m' eugh riubh, a cheòlraidh, mo chàil, mo chàil,
A ghleusadh gu ceòl is gu dàn, gu dàn,
Los gun seinneam mun ghòraich 'tha 'measg na cloinn' òige,
San aois chan eil móran nas fheàrr, nas fheàrr.

Bidh fleasgaichean 's cailean gun tàmh, gun tàmh,
A' falbh feadh gach baile 'goid càil, 'goid càil,
Cha bhí gàrradh no callaid nach leag iad gu talamh,
'S iad 'teicheadh leis dhachaidh gun nàir', gun nàir'.

Nuair 'thig iad leis dhachaidh air chrith, air chrith,
Gun cuir iad e seachadh gun fhios, gun fhios,
Bràigh doras an taighe mun déid iad a laighe,
Is bidh e gu lath' ann a-sin, ann a-sin.

An ciad neach 'thig a-steach a t-ath-latha, an t-ath-latha,
Bidh 'na chomhar gu beachd air an gràdh, air an gràdh,
Is dona no math air an stoc ma bhios blas,
Bidh an urra sin ceart no gun stàth, gun stàth.

Ma leanas ri tobhtag no pleoc, no pleoc,
Aig an aon sin bidh tochradh no toic, no toic,
Ach ma bhios an stoc geòcach, crom, cam agus crotach,
Bidh an duine sin coltach 'na chorp, 'na chorp.

Cleachdadh eile 'tha aca gu dearbh, gu dearbh,
'Bhith 'mach feadh nam bailtean air falbh, air falbh,
Ag éisteachd 's a' farchluais aig doras gach aitribh,
'S 'gur comhar 'chiad fhacal air 'ainm, air 'ainm.

A-mach don chruaich-arbhair théid iad, théid iad,
'S bidh a' spionadh 's a' tearbadh nan dias, nan dias,
An siol-mullaich ma dh'fhalbhas cha bhí ac' ach fann-earbsa,
Gun déid céile leo' 'shearmoin gu sìorraidh, gu sìor.

'S théid feadhainn le faicill don àthaidh, don àth,
Is bheir iad leo' ceirsle de shnàth, de shnàth,
'Ga tilgeadh don lagan trì uairean 's 'ga tachras,
Dh'fheuch iad 'n déid oirre grabadh le 'n gràdh, le 'n gràdh.

Cuid eile gheibh ùbhal gun fhios, gun fhios,
'S théid iad gu sgàthan 'ga ith', 'ga ith',
'S chì iad coltas an leannain 'ga spioladh gu h-ealamh,
'S 'ga thoirt às an làmhan gu clis, gu clis.

Is tha de chleachdadh aig cuid, aig cuid,
Dol don t-sabhal a fh'fhasgnadh le gnuít, le gnuít,
'S chì iad samhlaidh no tannasg 'dol seachadh 'na dheannaibh,
'S a' dol às an t-seallach 'na ruith, 'na ruith.

'S théid fleasgaich a dh'aitheamh nan cruach, nan cruach,
'S 'gan tomhas le 'n làmhan mun cuairt, mun cuairt,
Dh'fhaighinn samhlaidh 'nan glacaibh air a' chéile 'bhios aca,
'Sin teichidh iad dhachaidh gu luath, gu luath.

Cuid a thomhas an alldan an léin', an léin',
Far an coinnich trì oighreachdan 'chéil', a chéil',
'S ris an tein' fad na h-oidhch' théid a cur gus am foillsich,
'Ga géard tannasg no taibhse no dreug, no dreug.

'N-sin théid aig an teallaich air lic, air lic,
Trì cuachagan geala de dh'fhiodh, de dh'fhiodh,
Ann an té bidh uisg' glan 's an aon eil' uisg' salach,
'S an treas té bidh falamh gun sil', gun sil'.

'S théid dallan air neach gu seòlt', gu seòlt',
'S gun teann e 'nan caraibh le 'chròig, le 'chròig,
Air té thruaillt', glan, no falamh ma dh'éireas d' a amas,
'S théid leith'd sin 'nì e theannadh 'na chòir, 'na chòir.

An-sin gheibh iad iad uachdar á stòp, á stòp,
'S gun dèan iad dheth fuarag 'bhios mór, 'bhios mór,
Théid a cur ann an cuaich 's cuirear fainne gu luath innt',
'S ge be gheibh e trì uairean gum pòs, gum pòs.

Bonnach-salainn no sgadan 'bhios goirt, 'bhios goirt,
Gun ith iad le cabhaig 's le 'n toil, le 'n toil,
Los gum faic iad an leannan nuair 'théid iad don leabaidh,
'Tighinn 'gan ionnsaigh fo mhadainn le deoch, le deoch.

'Nis sguireamh de m' òran 's de m' dhuan 's de m' dhuam,
'S a dh'innse mu ghòraich an t-sluaigh, an t-sluaigh,
Gheibh gach urra ri pòsadh an neach 'tha san òrdugh,
'S cha chluinn chum duine san Eòrp' e bhuap', e bhuap'.